National Qualifications 2019

X731/77/11

Gaelic (Learners) Reading and Translation

FRIDAY, 17 MAY

9:00 AM – 10:30 AM

Total marks — 50

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the section number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.

SQA ©

X731771

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about the teaching profession.

Thig a Theagasg

A bheil thu a' lorg dreuchd às am faigh thu tlachd? Dreuchd far an tèid agad air diofar mòr a dhèanamh agus anns am bi thu an-còmhnaidh ag ionnsachadh, le cothroman siubhail agus pailteas chothroman adhartas a dhèanamh san dreuchd? A bheil thu ag iarraidh obair anns am bi thu a' brosnachadh agus ag oideachadh an ath ghinealaich de chloinn òg? Ma tha, carson nach tig thu a theagasg?

Ma nì thu ceum ann am foghlam, bidh thu ag ionnsachadh sgilean teagaisg a chuidicheas tu le bhith a' misneachadh luchd-ionnsachaidh òga a bhith a' dèanamh an dìchill. A bharrachd air seo, gheibh thu eòlas air mar a bhios an eanchainn ag obrachadh is gu sònraichte mar a bhios clann òg ag ionnsachadh. Bidh thu cuideachd a' sgrùdadh dhòighean-teagaisg is a' beachdachadh air mar as urrainn dhut aire agus ùidh luchd-ionnsachaidh òga a chumail. Gheibh thu cothrom an curricealaim a lìbhrigeadh gu diofar aoisean is ìrean.

Chan ann a-mhàin airson oileanaich a tha deiseil san oilthigh a tha na cùrsaichean teagaisg. Bheir thu mòran bhuannachdan don dreuchd ma tha eòlas agad air saoghal na h-obrach. 'S e tidsear saidheans a th' ann an Cairistìona Nic a' Ghobhainn. Dh' atharraich i a dreuchd às dèidh dhi deich bliadhna a chur seachad mar mhanaidsear aig companaidh margaidheachd ann an Obar Dheathain, "Seach gun robh mi air a bhith ag obair airson iomadh bliadhna ann an gnìomhachas, b' urrainn dhomh comhairle a thoirt do na sgoilearan agam air na sgilean agus feartan a bhios luchd-fastaidh ag iarraidh ann an luchd-fàgail na sgoile. Tha eòlas agam air mar a bhios agallamhan a' dol air adhart agus 's urrainn dhomh sgoilearan a chuideachadh leis na sgilean agallamh aca fhèin".

Ma tha ùidh agad ann an siubhal agus ma tha thu airson barrachd den t-saoghal fhaicinn, le teisteanas teagaisg Albannach, thèid agad air obair fhaighinn ann an sgoiltean eadar-nàiseanta air feadh an t-saoghail (far am bi clasaichean air an teagasg tro mheadhan na Beurla). Tha iomadh companaidh ann a chuidicheas le bhith a' gluasad do dhùthaich chèin. Bheir seo cothrom dhut a bhith a' faicinn chultaran ùra, ag ionnsachadh chànan ùra, agus a bhith a' faighinn tuigse nas fheàrr air dòighean-beatha eadar-dhealaichte. Mar thoradh air an eòlas a gheibh thu a' fuireach agus ag obair thall thairis bidh buannachdan agad a bharrachd air daoine eile ma thilleas tu air ais dhachaigh airson obair fhaighinn anns an Rìoghachd Aonaichte.

Tha barrachd air aon dòigh ann airson teisteanas teagaisg fhaighinn ach 's e an cùrsa for-cheum aon bhliadhna as cumanta fhathast airson a dhol a-steach don dreuchd, gu h-àraidh ma tha thu ag amas air obair fhaighinn ann an àrd-sgoiltean na h-Alba. Ma tha thu den bheachd cur a-steach airson cùrsa teagaisg, tha e riatanach gum bi na teisteanasan is comasan iomchaidh agad. Aig a' char as lugha, feumaidh ceum oilthigh a bhith agad, Beurla aig Àrd Ìre agus Matamataig aig Nàiseanta 5. Ach cuideachd, tha sgilean is feartan riatanach ann a dh'fheumas a bhith aig a h-uile tidsear: tha deagh sgilean conaltraidh agus rianachd a dhìth agus a bharrachd air seo, feumaidh tu a bhith math air obair còmhla ri daoine eile agus tha e cuideachail ma tha sgilean eile agad as urrainn dhut tabhann don sgoil is do na sgoilearan. Mar eisimpleir, ma tha thu math air ionnsramaid a chluich no ma tha ùidh agad ann an dèanamh fhiolmaichean, b' urrainn dhut a bhith a' tairgse seo mar chlub don òigridh. Bhiodh na rudan a bharrachd seo nam buannachdan dhut ann an agallamhan.

Ach, canaidh cuid de thidsearan gur e obair dhùbhlanach agus sgìtheil a th' ann an teagasg le seachdainean glè thrang a' chuid as motha den ùine. Bidh tidsearan uaireannan a' smaoineachadh nach eil uairean gu leòr san latha airson a h-uile rud a dhèanamh; eadar a bhith a' deasachadh leasanan, a' ceartachadh obair nan sgoilearan, ag ionnsachadh mu theicneòlas ùr, a' cumail suas ris na leasachaidhean as ùire ann am foghlam, agus a' clàradh ìrean nan sgoilearan.

Ged a tha na saor-làithean fada an coimeas ri obraichean eile, bidh tidsearan gu tric ag obair uairean fada air an oidhche agus aig an deireadh-sheachdain airson 's gum bi a h-uile rud deiseil airson an-ath-latha agus inntinneach don luchd-ionnsachaidh. A dh'aindeoin seo, tha e fìor a ràdh nach eil càil nas fheàrr na bhith a' cuideachadh dhaoine òga air turas am beatha agus gam faicinn a' dèanamh adhartais chan ann a-mhàin a thaobh an cuid leasanan ach cuideachd le sgilean sòisealta is mar a bhios iad a' coimhead air an t-saoghal. Mar sin, co-dhiù ma tha thu dìreach air an sgoil fhàgail no ma tha eòlas agad air an t-saoghal obrach mar-thà; ag amas air foghlam bun-sgoil no àrd-sgoil, 's e seo dreuchd as fhiach feuchainn ma tha thu ag iarraidh obair a bheir toileachas is tlachd mhòr dhut.

MARKS

Questions

Re-read lines 1–5.

1. What are the positive aspects of becoming a teacher? State any **three** things. **3**

Re-read lines 6–11.

2. The article discusses teacher education degrees. What does it say about these? Give a detailed answer. **4**

Re-read lines 12–20.

3. Christine Smith is a science teacher.

(a) What is different about the way in which she entered the profession? **1**

(b) In what ways did her experience benefit the school? **2**

Re-read lines 29–40.

4. The article goes on to discuss postgraduate degrees in education.

(a) What information is given about the one year postgraduate course? **2**

(b) What are the entry requirements for this degree? **2**

(c) What additional skills and qualities are required? State **three** things. **3**

MARKS

Questions (continued)

Re-read lines 41–55.

5. What are some teachers' opinions on the less positive aspects of teaching? **3**

6. Teachers must prepare lessons and correct pupils' work. What other duties do they have? State any **two** things. **2**

7. What are the most rewarding aspects of teaching identified by the writer? **State any one**. **1**

Now consider the article as a whole.

8. What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. **7**

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

9. Translate the underlined section into English: (lines 21–28)

Ma tha ùidh agad . . . anns an Rìoghachd Aonaichte.

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

National Qualifications 2019

X731/77/12

Gaelic (Learners) Listening and Discursive Writing

FRIDAY, 17 MAY

11:00 AM – 12:20 PM

Total marks — 70

SECTION 1 — LISTENING — 30 marks

Attempt ALL questions.

You will hear two items in **Gaelic**. **Before you hear each item, you will have one minute to study the questions.** You will hear each item twice, with an interval of one minute between playings. You will then have time to answer the questions before hearing the next item. Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify which question you are attempting.

SECTION 2 — DISCURSIVE WRITING — 40 marks

Attempt ONE question.

Write your answer clearly, in **Gaelic**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify which question number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.

SQA ©

X731 77 12

MARKS

SECTION 1 — LISTENING — 30 marks

Attempt ALL questions

Item 1

Listen to the following news item about Modern Apprenticeships in the Western Isles and then answer, in **English**, the questions below.

(a) In what way has Comhairle nan Eilean Siar's apprenticeship programme changed since it first started? **1**

(b) Give any **two** council departments where apprentices work. **2**

(c) MG Alba has become involved in the scheme. What is it doing? **1**

(d) Why does the Council think it will be easy to fill the vacancies? **1**

(e) The apprenticeship programme aims to address a particular issue facing the Western Isles.

(i) What is this issue? **1**

(ii) What could the benefits be? State any **one** thing. **1**

(f) The news item discusses further learning opportunities. What are they? State any **two**. **2**

(g) A Scottish Government minister recently visited Stornoway. What did he say? State any **one** thing. **1**

MARKS

Item 2

Listen to Eilidh interviewing Calum about his recent educational trip to China and Hong Kong and then answer, in **English**, the questions below.

(a) What does Calum say about his career? State any **two** things. **2**

(b) Calum is part of an international research group. Why was the group established? State any **three** things. **3**

(c) What happened in April last year and what did this lead to? **2**

(d) What was the purpose of Calum's recent trip? State any **three** things. **3**

(e) Calum talks about the pupils he observed.

(i) What does he say about their behaviour when they were outside? **2**

(ii) What did he learn about the pupils' future plans? **2**

(iii) What differences did he notice between the schools? **2**

(f) What did Calum notice about the school day in China? State any **two** things. **2**

(g) What does Calum say about the languages pupils were learning in these schools? State **two** things. **2**

[Turn over

SECTION 2 — DISCURSIVE WRITING — 40 marks

Attempt ONE question

Write an essay, in **Gaelic**, of about 250–300 words discussing **one** of the following statements.

3. Society

Tha na meadhanan-sòisealta a' toirt droch bhuaidh air sgilean conaltraidh.

4. Learning

'S e siubhal am foghlam as fheàrr a tha ann.

5. Employability

Chan e ceum oilthigh a tha feumail ann an saoghal na h-obrach ach sgilean pearsanta.

6. Culture

Tha latha ceòl traidiseanta seachad.

[END OF QUESTION PAPER]

National
Qualifications
2019

X731/77/22

Gaelic (Learners)
Listening Transcript

FRIDAY, 17 MAY

11:00 AM – 12:20 PM

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (for example the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.

©

X731772

Instructions to reader(s):

For each item, read the English **once**, then read the Gaelic **twice**, with an interval of 1 minute between the two readings. On completion of the second reading of item number one, pause for the length of time indicated in brackets after the item, to allow the candidates to write their answers.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(f)** should be read by a female speaker and those marked **(m)** by a male; those sections marked **(t)** should be read by the teacher.

(t) **Item number one**

Listen to the following news item about Modern Apprenticeships in the Western Isles and then answer, in **English**, the questions below.

You now have one minute to study the questions for item number one.

(m/f) Tha Comhairle nan Eilean Siar air cothroman air trèanadh preantasachd a chruthachadh air feadh nan eilean. Thòisich an sgeama ann an 2016 le seachd duine deug an sàs anns an iomairt agus shoirbhich seo cho mòr agus gu bheil còrr is ceathrad air an sgeama a-nis.

Nuair a thòisich an sgeama bha preantasan ag obair ann an diofar roinnean mar Foghlam agus Seirbheisean Chloinne, Seirbheisean Teicnigeach agus Roinn an Ionmhais. A-nis tha Comhairle nan Eilean Siar ag obair còmhla ri companaidhean prìobhaideach le còig preantasan ag obair le MG Alba agus tha iad a' faighinn trèanadh farsaing anns na meadhanan. Tha cothrom aig daoine anns na h-eileanan iarrtas a chur a-steach agus faodaidh daoine aig aois sam bith an cothrom seo a ghabhail gu sònraichte ma tha iad airson cosnadh ùr fhaighinn. Tha e furasta na h-àiteachan a lìonadh oir nuair a thòisich an sgeama ann an 2016, bha barrachd ag iarraidh na h-obraichean na bha ann de dh'àiteachan.

Tha fios aig a' Chomhairle gu bheil àireamh-sluaigh nan eilean air a dhol sìos anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh agus tha iad a' feuchainn ri stad a chur air a' chrìonadh seo. Tha iad an dòchas gum fuirich daoine òga anns na h-eileanan agus gum bi dreuchdan aca le tuarastal mhath agus cuiridh iad ris a' choimhearsnachd agus ris an eaconamaidh.

Bidh cothrom aig daoine teisteanas fhaighinn nuair a bhios an trèanadh deiseil. Faodaidh cuid aca ceum a dhèanamh aig astar agus cuideachd bidh cothrom aig na preantasan na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh oir tha a' Chomhairle a' tabhainn leasanan Gàidhlig gach seachdain.

Tha còig ceud mìle not a' tighinn bhon Riaghaltas agus bha Ministear Riaghaltas na h-Alba ann an Steòrnabhagh bho chionn ghoirid. Rinn e moladh air obair na Comhairle airson an dòigh anns a bheil iad a' cruthachadh chothroman obrach do dhaoine òga. Tha e an dòchas tuilleadh adhartais fhaicinn anns an àm ri teachd oir tha e a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum fuirich òigridh anns na h-eileanan.

(*3 minutes*)

(t) Item number two

Listen to Eilidh interviewing Calum about his recent educational trip to China and Hong Kong and then answer, in **English**, the questions below.

You now have one minute to study the questions for item number two.

(f) Halò, a Chaluim agus tapadh leibh airson a thighinn a bhruidhinn rium an-diugh mun turas agaibh. Innsibh dhomh beagan mur deidhinn fhèin an toiseach.

(m) 'S e ceannard àrd-sgoil a th' annam ann an sgoil mhòr ann am meadhan a' bhaile ann an Glaschu agus b' e tidsear Eachdraidh a bh' annam. Tha mi cuideachd an sàs ann am buidheann rannsachaidh eadar-nàiseanta a bhios a' sgrùdadh shiostaman foghlaim air feadh an t-saoghail. Chaidh an turas seo a chur air dòigh mar phàirt den sgrùdadh seo.

(f) Carson a chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh?

(m) Thàinig a' bhuidheann còmhla airson beachdachadh air ciamar as urrainn dhuinn na sgoiltean againn a dhèanamh nas fheàrr ach am biodh barrachd chothroman aig na sgoilearan againn ann an saoghal na h-obrach. Bidh sinn a' cluinntinn a h-uile bliadhna cho math agus a tha dùthchannan eile a' dèanamh. Bha sinn airson faighinn a-mach dè bha iad a' dèanamh a bha math agus dè dh'fhaodadh sinn ionnsachadh bhuapasan. Cuideachd dè dh'fhaodadh dùthchannan eile ionnsachadh bhuainne. Bha fear a b' aithne dhuinn a' teagasg ann an Hong Kong agus thòisich sinn a' bruidhinn ris a' cheannard aigesan.

(f) Agus tha buidheann air a bhith ann an Glaschu mar-thà, nach eil?

(m) Tha. Thàinig buidheann de luchd-teagaisg à Sìona a dh'Alba sa Ghiblean an-uiridh airson na sgoiltean againn fhaicinn. A-nis tha sinn an dùil gum bi sgoilearan agus luchd-teagaisg a' tadhal air càch a chèile a h-uile dà bhliadhna.

(f) Agus tha sibh fhèin dìreach air tilleadh à Sìona. Dè a fhuair sibh a-mach?

(m) Chuir sinn seachad 5 latha ann an Hong Kong agus thadhail sinn air sia sgoiltean an sin. Bha sinn a' bruidhinn ris na ceannardan agus ag ionnsachadh mun churraicealam agus na dòighean-teagaisg aca. Cuideachd bha sinn ann an Shanghai airson faighinn a-mach dè na rudan a bha eadar-dhealaichte anns na sgoiltean aca agus ciamar a bha iad air an ruith.

(f) Dè na h-eadar-dhealaichaidhean a bu mhotha a mhothaich sibh?

(m) B' e an rud a bu mhotha a dh'ionnsaich mi, nach eil uidhir de rudan eadar-dhealaichte ann agus a bha mi a' smaoineachadh a bhiodh ann! Bha na sgoilearan gu math modhail nuair a bha sinn gan coimhead anns na seòmraichean-teagaisg. B' e glè bheag a chunnaic sinn de mhì-mhodh. Bha iad a' toirt urram mhòir dha na tidsearan agus fhad 's a bha an tidsear a' bruidhinn bha iad gu math sàmhach. Ach, nuair a dh'fhalbh an glag agus a bha a' chlann a-muigh bha iad dìreach mar a' chlann againn fhìn - a' ruith, a' leum agus ag èigheach.

(f) Dè na rudan a tha againn ri ionnsachadh bhuapa?

(m) B' e an rud a bu mhotha a chuir iongnadh oirnn gu bheil iad ag iarraidh siubhal agus ionnsachadh bho dhùthchannan eile.

(f) An robh mòran eadar-dhealachadh eadar na sgoiltean?

(m) Bha beagan. Bha na dòighean-teagaisg acasan car eadar-dhealaichte. Chanainn gu bheil sinne a' cleachdadh barrachd teicneòlas nar clasaichean.

(f) Cò ris a bha latha na sgoile coltach?

(m) Bha na sgoilearan anns an aon rùm fad an latha agus b' e na tidsearan a bha a' falbh bho rùm gu rùm. Agus rud eile, aig àm-bìdh bha am biadh a' dol thuca agus bha iad ag ithe a' bhìdh anns na rumannan-teagaisg aca.

(f) Tha iad a' cur luach air barrachd air aon chànan a bhith aca, nach eil?

(m) Tha gu dearbh! Ged as e Cantonese a tha iad a' bruidhinn aig an taigh, tha a h-uile leasan air a theagasg tro Bheurla agus airson beagan bhliadhnaichean a-nis tha treas cànan a' nochdadh agus sin agad Spàinntis.

(f) Abair turas inntinneach, fiosrachail a Chaluim. Tapadh leibh airson bruidhinn rium an-diugh.

(m) 'S e do bheatha, Eilidh.

(t) **End of recording.**

[END OF TRANSCRIPT]